

Stiùireadh Iarrais airson Maoin Plana Gàidhlig Uibhist

Chaidh suim iomlan de £30,000 a thoirt gu Plana Gàidhlig agus Coimhearsnachd Uibhist le Bòrd na Gàidhlig gus na h-amasan agus na molaidhean aige a thoirt gu buil agus gus taic a chur ri lìbhrigeadh nan gnìomhan a tha air am mìneachadh ann am Plana Gàidhlig is Coimhearsnachd Uibhist.

Den mhaoin seo, thèid £24,000 a chleachdadh gus Maoin Coimhearsnachd Plana Gàidhlig Uibhist a lìbhrigeadh – Maoin Plana Gàidhlig Uibhist. Tha cuireadh ga thoirt do bhuill coimhearsnachd agus do bhuidhnean air feadh Uibhist iarntasan a chur a-steach airson iomairtean agus phròiseactan a dhionas, a neartaicheas agus a bhrosnaicheas fàs na Gàidhlig, a rèir slatan-tomhais na maoine.

Thèid £6,000 a chleachdadh gus taic a chur ri lìbhrigeadh a' phlana fhèin, a' gabhail a-steach rudan leithid bathar-sanasachd, follaiseachd, goireasan coimhearsnachd, eadar-theangachadh, brosnachaidhean, aoigheachd, cosgaisean siubhail, agus cìsean rianachd is stiùiridh.



Tha ar maoin choimhearsnachd ann airson taic a thoirt do dhìon, neartachadh agus fàs na Gàidhlig, agus aig an aon àm airson a bhith a' lìbhrigeadh bhuannachdan cultarach, sòisealta, foghlaim agus eaconamach. Feumaidh i cur ri gu barrachd cleachdadh làitheil den chànan, taic a thoirt do thar-chur eadar ginealaichean, agus Gàidhlig a dhèanamh àbhaisteach ann am beatha làitheil.

Tha ar maoin a' neartachadh dearbh-aithne agus moit coimhearsnachd, a' brosnachadh ceangal làidir ionadail air iomairtean ann an com-pàirteachas le buidhnean nàiseanta leithid Bòrd na Gàidhlig, agus a' togail mhisneachd am measg luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh.

Faodaidh ar maoin cumhachd a thoirt do bhuidhnean ionadail, com-pàirteachadh a leudachadh, agus taic a chur ri foghlam agus leasachadh sgìlean. Aig an aon àm, tha i a' brosnachadh gnìomhachd eaconamach ionadail, a' tàladh barrachd taic-airgid, agus a' toirt taic do leasachadh seasmhach coimhearsnachd.

Aig a' cheann thall, tha i a' comasachadh libhrigeadh practaigeach ar plana cànan ionadail agus a' cruthachadh structaran fad-ùine airson fàs seasmhach — a' cur ghoireasan ann an làmhan na coimhearsnachd againn gus àm ri teachd na Gàidhlig a chumadh.



Maoin Plana Gàidhlig Uibhist

Teirmean is Cùmhnantan

Ma ghabhas sibh ri tabhartas bho Mhaoin Plana Gàidhlig Uibhist, thathar a' thuigsinn gu bheil sibh air aontachadh ris na teirmean is cùmhnantan coitcheann a leanas, a bhios an sàs airson dà bhliadhna bho cheann-latha an sgaoilidh dheireannaich den tabhartas, mura h-eilear ag ràdh a chaochladh:

1. Tha pàigheadh an tabhartais an urra ri dearbhadh gu bheil am maoineachadh gu lèir airson a' phròiseict deiseil agus gu bheil ar maoineachadh fhèin gu leòr gus coinneachadh ri fìor chosgaisean a' phròiseict.
2. Cha tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh air a' phròiseict às aonais ar n-aonta. Feumaidh sibh cuideachd fios a chur thugainn sa bhad mu atharrachadh sam bith a thathar a' moladh co-cheangailte ri cosgaisean an tabhartais no ris a' bhuidhinn fhèin. Feumaidh sibh fios a chur thugainn cuideachd mu atharrachaidhean sam bith air a' phròiseict, fiù 's mura deach pàirt sam bith den tabhartas a chosg fhathast.
3. Feumaidh sibh fiosrachadh a thoirt seachad gus leigeil leinn foirm crìochnachaidh pròiseict ullachadh; thèid seo a dhèanamh aig deireadh a' phròiseict mar a tha air a chomharrachadh san iartas agaibh.
4. Bu chòir dhuibh clàran ionmhais ceart agus coileanta a chumail mu chosgaisean a' phròiseict agus an toirt seachad nuair a thathar ag ullachadh foirm measaidh a' phròiseict aig deireadh a' phròiseict. Bu chòir an tabhartas cuideachd a bhith air aithneachadh gu sònraichte anns na cunntasan bliadhnaile agaibh airson na bliadhna anns an deach fhaighinn.
5. Cleachdaidh sinn ur n-ainm anns na stuthan sanasachd againn, còmhla ri Ìomhaighean agus cuid de dh'fhiosrachadh mun pròiseict, leithid fiosrachadh a bhios ri fhaighinn tro sgrùdaidhean. Tha sibh a' toirt cead airson an fhiosrachaidh seo a chleachdadh, agus cha tèid a chleachdadh ach

airson adhbharan brosnachaidh, a rèir iarrtasan reusanta sam bith a dh'fhaodadh sibh a dhèanamh, mar eisimpleir, gus fiosrachadh dìomhair a dhìon.

6. Feumar pàirt sam bith den tabhartas nach eil a dhìth airson an adhbhair a chaidh aontachadh a phàigheadh air ais thugainn.
7. Tha cead againn pàirt dhen tabhartas a chumail air ais no ath-phàigheadh iarraidh ma lorgas sinn gun deach fiosrachadh meallta a thoirt seachad a dh'aona ghnothach; mura h-e an obair a chaidh a dhèanamh an obair airson an deach an tabhartas aontachadh (agus mura deach fios a chur thugainn mu na h-atharrachaidhean sin agus mura do dh'aontaich sinn riutha); ma thig ur buidheann gu bhith neo-sheasmhach a thaobh ionmhais no ma thèid i fo rianachd, fo ghilacadh no fo leaghadh, agus mura deach an tabhartas a chosg mu thràth airson an adhbhair a bha dùil agaibh.
8. Tha sinn an dùil gun obraich sibh a rèir deagh chleachdaidhean stiùiridh agus le dealas do phrionnsapalan agus chleachdaidhean Co-ionannachd Chothroman a thaobh ur luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-cleachdaidh.
9. Tha sinn an dùil gum bi àrachas buailteachd poblach agaibh ma tha sibh a' cumail thachartasan a tha fosgailte don phoball.
10. Tha sinn an dùil gum bi Poileasaidh Dìon agus Sàbhailteachd agaibh ma tha sibh ag obair le clann.
11. Tha am fiosrachadh a thug sibh seachad a cho-roinn le pàrtaidhean iomchaidh (m.e. OSCR) far a bheil sin iomchaidh. Thèid seo a dhèanamh a rèir ar Poileasaidh Prìobhaideachd, agus gheibhear lethbhreac dheth ma thèid iarraidh.

Uaireannan cuiridh sinn cumhachan a bharrachd ri tabhartas fa leth a thaobh cuid de shuidheachaidhean sònraichte. Ma chuireas bi iad sin ri leughadh anns an litir tairgse tabhartais.

Feumaidh sibh aon lethbhreac de na teirmean is cùmhnantan seo a shoidhnigeadh agus a thilleadh thugainn; bidh seo na dhearbhadh gun tèid an t-airgead a chosg airson an adhbhair a chaidh aontachadh.

Àireamh-lomraidh an Tabhartais:

Buidheann:

Ainm:

Dreuchd:

Soidhnichte:

Ceann-latha:

Feuch gun glèidh sibh aon lethbhreac airson ur clàran fhèin agus gun till sibh aon lethbhreac soidhnichte thugainn.

ceiteag@ceolas.co.uk

Duaisean	<p>Duaisean beaga: suas ri £500, thèid a mheasadh agus aontachadh le dithis bhall de phannal luchd-measaidh neo-èisimeileach. Faodar an t-airgead a phàigheadh gu h-iomlan mus tòisich am pròiseact. Fosgailte fad na bliadhna, le 100% den mhaoineachadh ri fhaighinn ro làimh airson a' phròiseict.</p> <p>Duaisean mòra: Nas àirde na £500, a thèid a mheasadh agus aontachadh le pannal de cheathrar luchd-measaidh. Dh'fhaodadh gum bi feum air ìrean pàighidh aontaichte. Fosgailte fad na bliadhna.</p> <p>Dh'fhaodadh crìoch a bhith air an àireamh de phròiseactan a gheibh maoinachadh co-cheangailte ri aon de na trì prìomhachasan seo — Òigridh, Dualchas agus Àite-obrach — ma bhios iarrtas mòr ann.</p>
Slatan-tomhais airson Iarrtasan	<p>Gus a bhith ion-roghnach airson maoinachaidh, feumaidh an t-iarrtas ceangal dìreach a bhith aige ri prìomh amasan Plana Gàidhlig is Coimhearsnachd Uibhist, is iad sin dìon, fàs agus neartachadh na Gàidhlig ann an Uibhist. Feumaidh an t-iarrtas sealltainn gun dèan am pròiseact co-dhiù aon de na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none">• Meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ga bruidhinn• Meudachadh anns na tha de Ghàidhlig ri cluinntinn• Meudachadh ann am faicsinneachd na Gàidhlig• Taic do shunnd sòisealta tro ghnìomhachdan làn Ghàidhlig taobh a-staigh na coimhearsnachd• Taic do leudachadh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach• Thoir buannachdan a bheir buaidh air daoine òga agus teaghlachan

Ceangal ris a' Phlana	Tha aig buidhnean stòr-dàta a' lionadh a-steach ri taobh gach gnìomh taobh a-staigh Plana Gàidhlig is Coimhearsnachd Uibhist ris a bheil an t-iarrtas a' ceangal.
Cò 's urrainn tagradh a chur a-steach?	<ul style="list-style-type: none"> • Buidhnean coimhearsnachd • Carthannasan • Iomairtean sòisealta • Luchd-malairt fa leth • Daoine fa leth • Companaidhean earranta
A' clàradh ùidh	<p>Bu chòir do daoine 's dùil aca ri tagradh a chur a-steach coinneamh a chur air dòigh leis an Oifigear Plana Gàidhlig gus cead fhaighinn iarrtas a chur a-steach a rèir nan slatan-tomhais riatanach agus gus ceangal ris an stòr-dàta PGCU fhaighinn. Thèid taic a thabhnachadh gus an t-iarrtas a lionadh a-steach.</p> <p>Tha buidheann-stiùiridh Plana Gàidhlig agus Coimhearsnachd Uibhist a' moladh gun iarr tagraichean co-mhaoineachadh no gun gabh iad a-steach sruth teachd-a-steach airson phròiseactan, gus dèanamh cinnteach gum faighear an luach as fheàrr bho thabhartas Plana Gàidhlig Uibhist.</p>
Foirm-iarrtais	<p>Tha am foirm-iarrtais ri fhaighinn air an làrach-lìn: gaidhliguibhist.scot</p> <p>Faodar lethbhreac Word a chur a-mach ma thèid iarraidh.</p>
Dè nach bi ceadaichte airson maoinachaidh	<p>Chan fhaodar am maoinachadh a chleachdadh airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cosgaisean calpa (leithid togalaichean, carbadan no uidheamachd eile le cosgais àrd) • Pròiseactan nach eil a' ceangal ris a' phlana • Gnìomhachdan no rudan a tha mar-thà air am maoinachadh le Bòrd na Gàidhlig • Tuarastalan • Cosgaisean ruith làitheil leantainneach <p>Chan fhaodar airgead a phàigheadh a-steach do chunntas banca pearsanta.</p>

Stiùireadh Riaghlaidh Maoin Plana Gàidhlig agus Coimhearsnachd Uibhist

Ciamar a thèid ur n-iarrtas a mheasadh?

Feumaidh builean soilleir a ghabhas tomhais a bhith aig pròiseactan agus feumaidh iad co-dhiù aon de na gnìomhan a tha ann am Plana Gàidhlig is Coimhearsnachd Uibhist a lìbhrigeadh.

Bu chòir do bhuidhnean a bhith cinnteach gun urrainn dhaibh barrachd air aon ghnìomh a chomharrachadh ann an stòr-dàta PGCU.

Bidh measadh air iarrtasan fo £500 stèidhichte air na trì prìomh shlatan-tomhais a leanas, còmhla ris a' chomas builean a lìbhrigeadh a choinnicheas ris na prìomhachasan a tha air an liostadh gu h-àrd. Thèid matrix sgòraidh a chleachdadh le dithis bhall den phannal luchd-measaidh neo-eisimeileach gus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean.

Cleachdadh	Am bi e a' cuideachadh le bhith a' togail misneachd agus a' dèanamh cleachdadh na Gàidhlig àbhaisteach?
Faicsinneachd	Am bi e a' meudachadh na tha ri chluinntinn agus ri fhaicinn de Ghàidhlig ann am beatha làitheil?
Fianais air buannachd	A bheil an tagradh a' sealltainn gu bheil na buannachdan ris a bheil dùil a' coinneachadh ris na prìomh shlatan-tomhais?

Bidh measadh air iarrtasan os cionn £500 stèidhichte air na trì prìomh shlatan-tomhais gu h-àrd agus air na slatan-tomhais a bharrachd gu h-ìosal. Thèid matrix sgòraidh, a lìonadh le ceathrar bhall sam bith den phannal luchd-measaidh neo-eisimeileach, agus a chleachdadh gus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean.

Buidheann agus comas gus am pròiseact a libhrigeadh gu crìochnachadh.	A bheil raon de bhuill aig a' bhuidhinn, luchd-obrach no sgioba eòlach gus am pròiseact a thoirt gu crìch, eòlas air pròiseactan a libheragadh, deagh chom-pàirteachadh coimhearsnachd, agus modail obrachaidh seasmhach le comas teachd-a-steach agaibh?
Cudrom na Gàidhlig	A bheil an tagradh a' sealltainn gu bheil na buannachdan ris a bheil dùil a' coinneachadh ris na prìomh shlatan-tomhais?
Luach an airgid	A bheil na cosgaisean coltach a rèir a' bhuannachd a thathar an dùil a choileanadh
Teaghlaichean agus clann òga	Am bi na buannachdan a' toirt buaidh air daoine òga agus teaghlaichean?

Bidh an sgòr a dh'fheumas iarrtas a choileanadh gus maoinachadh fhaighinn ag atharrachadh a rèir meud agus càileachd nan iarrtasan a gheibh sinn, na buannachdan ris a bheil dùil, agus an t-suim airgid a tha ri fhaighinn aig an àm. Thèid gach iarrtas a mheasadh a rèir a shuidheachaidh fhèin, agus dh'fhaodadh an tabhartas a thèid a thoirt seachad a bhith eadar-dhealaichte bhon t-suim a chaidh iarraidh. Thèid iarrtasan a mheasadh leis a' phannal.

Tha am pannal measaidh air a dhèanamh suas de bhuill den choimhearsnachd.

Bith buill a' phannail mheasaidh:

- Le ceangal làidir ri Uibhist
- Deònach a bhith a' cur ri taic do phrìomh amasan Plana Gàidhlig is Coimhearsnachd Uibhist
- Eòlach air buidseit ann an dreuchd proifeiseanta no saor-thoileach a riaghladh

Thèid gabhail ri iarrtasan aig àm sam bith tron bhliadhna. Faodar dùil ri co-dhùnadh taobh a-staigh 10 latha às dèidh an iarrtais.

Ciamar a thèid iarrtas a chur a-steach?

Thèid iarrtasan a ghabhail tro fhoirm-iarrtais air-loidhne no mar sgrìobhainn Word tro phost-d gu ceiteag@ceolas.co.uk.

Dè thachras do iarrtas?

Bidh am pannal measaidh a' sgòradh an iarrtais a rèir nan slatan-tomhais a tha air am mìneachadh anns na teirmean is cùmhnantan.

Thèid co-dhùnaidhean maoinachaidh innse don tagraiche tro phost-d no fòn.

Thèid iarrtas sam bith anns a bheil fiosrachadh ceàrr no mì-cheart a tharraing air ais.

Ciamar a thèid an tabhartas a phàigheadh?

Thèid tabhartasan a phàigheadh a-steach do chunntas banca tron t-siostam BACS, mar a tha air a mhìneachadh san fhoirm-iarrtais. Thèid tagraichean a chur an sàs tro phost-d.

Dè na cumhaichean a tha an lùib an tabhartais ma tha tagradh soirbheachail?

Ma bhios ur n-iarrtas soirbheachail, gheibh sibh tairgse tro phost-d anns am bi a h-uile fiosrachadh buntainneach mu phàigheadh agus mu sgrùdadh a' phròiseict.

Bidh an tairgse seo na chùmhnannt laghail, agus feumar cumail ris na cumhaichean aige. Dh'fhaodadh pàirt no an tabhartas gu lèir a bhith air a tharraing air ais ma bhrisear gin de na teirmean no cumhaichean a' chùmhnannt.

Feumaidh a h-uile cosgais a bhith air aontachadh ro-làimh. Cha tèid tabhartasan a phàigheadh air ais airson cosgaisean a chaidh a dhèanamh mu thràth.

Appendix 1

Prìomh Eileamaidean de Dheagh Riaghladh

1. Adhbhar agus Stiùireadh Soilleir

Misean agus amasan air am mìneachadh gu soilleir

Gnìomhan a rèir adhbhar a' charthannais

Sealladh ro-innleachdail sìmplidh

2. Stiùireadh agus Sgrùdadh Làidir

Riaghladh air a thoirt seachad le buidheann-stiùiridh de thosgairean Gàidhlig ainmichte

Dreuchdan agus dleastanasan soilleir

Coinneamhan cunbhalach le co-dhùnidhean clàraichte

3. Uallach Ionmhasail

Buidseatadh iomchaidh agus smachdan ionmhais air an toirt seachad le luchd-obrach Ceòlas

Clàradh ceart agus mionaideach

Aithris shoilleir do Bhòrd na Gàidhlig

4. Gèilleadh Laghail is Eiticeil

Gèilleadh ri laghan carthannais iomchaidh

Poileasaidh còmhstri ùidh ann an àite

5. Follaiseachd agus Cunntachalachd

Conaltradh fosgailte le luchd-ùidh agus luchd-buannachd

Aithris air mar a thèid maoinachadh a chleachdadh

Deonach a bhith air a mheasadh agus air leasachadh

Appendix 2

Carson a tha deagh riaghladh cudromach dhuinne?

Tha e cudromach dhuinne gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn:

- A' libhrigeadh an luach as fheàrr airson maoin eachadh poblach na Gàidhlig
- A' coinneachadh ri riatanasan Bhòrd na Gàidhlig
- A' dìon luchd-obrach agus saor-thoilich
- A' cumail earbsa a' phobail
- A' dèanamh cinnteach à obrachadh eiticeil agus laghail

Dearbhadh Pearsa: Gus cuideachadh le cunnart foill a lùghdachadh, dh'fhaodadh sinn ainm, seòladh dachaigh agus ceann-latha-breith an neach ainmichte san iarrtas agaibh, no ann am foirm atharrachaidh dàta pearsanta, a chleachdadh gus sgrùdaidhean dearbh-aithne bunaiteach a dhèanamh. Ma dh'atharraicheas na neach ainmichte rè ùine a' mhaoineachaidh, dh'fhaodadh sinn na h-aon sgrùdaidhean a dhèanamh air na daoine ùra sin. Chan urrainn dhuinn tabhartas a thoirt seachad no pàighidhean a dhèanamh mura h-urrainnear dearbh-aithne na neach-ainmichte a dhearbhadh.

Dè tha dùil aig Oifigear Plana Gàidhlig is Coimhearsnachd Uibhist bho bhuidheann a tha a' cur a-steach gu Maoin Plana Gàidhlig Uibhist?

Nuair a tha sibh a' cur a-steach, thathar an dùil gum bi ur buidheann no pròiseact air a dheagh eagrachadh, follaiseach agus air a riaghladh gu ceart.

Prìomh rud a tha dùil again ris:

Leugh a h-uile sìon gu cùramach

Dèan cinnteach gu bheil sibh a' tuigsinn gu h-iomlan na stiùiridhean, am foirm-iarrtais agus na teirmean is cùmhnantan.

Tha gabhail ri tabhartas na aonta laghail, agus feumaidh sibh a bhith mothachail air na riatanasan.

Lìon foirmean gu ceart

Lìon a h-uile foirm gu soilleir agus gu ceart.

Cleachd ainmean agus seòlaidhean cunbhalach.

Feumaidh na foirmean a bhith air an lìonadh leis a' bhuidhinn agaibh fhèin, chan ann le treas phàrtaidh.

Cleachd seòladh ceart na buidhne

Thoir seachad an seòladh clàraichte ceart agaibh.

Cùm fiosrachadh banca ceart

Feumaidh mion-fhiosrachadh a' chunntais banca a bhith a rèir an fhiosrachaidh san iarrtas; cha ghabhar ri cunntasan banca pearsanta.

Soidhnichean ceart

Chan fhaod ach daoine ùghdarraichte sgrìobhainnean a shoidhnigeadh, a' cleachdadh an ainmean laghail clàraichte.

Tha sinn ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' toirt dhuinn a' mhaoin seo. Tha sinn cuideachd a' toirt taing do Urras Oighreachd Ghabhsainn, Fèisean nan Gàidheal agus Urras Leasachaidh nan Eilean Siar airson an eòlas a roinn air ruith maoin coimhearsnachd.

Ma tha tuilleadh cheistean agaibh, cuiribh fios gu ceiteag@ceolas.co.uk